

1 Adhartachadh ìomhaigh dhearbhadh don Ghàidhlig					
	Bidh sinn:	Targaid	Tomhas Soirbheachaidh	Raon-ama	Stiùir
1.2	Ag adhartachadh chothroman do luchd-obrach Gàidhlig gu bhith a' co-obrachadh tarsainn na Comhairle, gus dèanamh cinnteach à ìre coileanaidh cho-roinnte.	Tidsearan tro Mheadhan na Gàidhlig uile a' gabhail pàirt ann an gnìomhachd riaghailteachd tarsainn gach seisean.	Tha beachdan thidsearan nas làidire agus thàinig piseach air misneachd.	Ro 2026	Ceannard Foghlaim – Teagasg agus Ionnsachadh
1.3	Dèanamh cinnteach gum bi dreuchdan bàna na Comhairle le Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte, air an sanasachadh gu dà-chànanach.	100% de dhreuchdan bàna thidsearan Gàidhlig air an sanasachadh ann an Gàidhlig.	100% de dhreuchdan bàna thidsearan Gàidhlig.	Tro bheatha a' Phlana.	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh. Trusadh mhanaidsearan is Cheannardan Sgoile.
1.4	Toirt aogheachd don Mhòd Nàiseanta Rìoghail	Mòd an Òbain 2024	1 tachartas	Ann an 2024	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
1.5	Brosnachadh agus toirt taic do chleachdadh air Gàidhlig taobh a-staigh obair CHARTS.	Tha CHARTS na bhall de Bhuidheann Stiùiridh Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle.	Co-obrachadh air 1 phrògram/tachartas, aig a' char as lugha.	Ro 2026	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

1.6	Ag obrachadh le càch gus com-pàirt sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail adhartachadh gu gnìomhach.	Stuthan is gnìomhachdan co-roinnte air an ullachadh agus air an sgaoileadh.	Tha na h-àireamhan com-pàirteachaidh dearbhach.	Gus a bhith co-thìmeil leis a' Mhòd.	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
1.7	Ag obrachadh le càch gus làthaireachd aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bhrosnachadh.	Stuthan is gnìomhachdan co-roinnte air an ullachadh agus air an sgaoileadh.	Tha na h-àireamhan frithealaidh dearbhach.	Gus a bhith co-thìmeil leis a' Mhòd.	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
1.8	Iomhaigh is faicsinneachd nas àirde fhaotainn don Ghàidhlig agus dà-chànanas ann an roinnean coimearsalta, reic, biadh is deoch agus turasachd.	Stiùireadh air ullachadh agus air adhartachadh.	Gàidhlig a stèidheachadh mar a bhith àbhaisteach ann am beachdachadh air adhartachadh iomairt eaconamach no san roinn gnothachais.	Leantainneach	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
1.9	Gabhail a-steach Gàidhlig ann an adhartachadh Earra-Ghàidheal is Bòd mar cheann-uidhe turasachd.	Stiùireadh air ullachadh agus air adhartachadh.	Stuthan adhartachaidh turasachd a' cleachdadh Gàidhlig, air am meudachadh.	Criochnaichte	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach / Co-chomann Turasachd Earra-Ghàidheal is Bhòid.
1.10	Meudachadh buaidh eaconamach na Gàidhlig aig tachartasan / fèisean air an cumail ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.	2 thachartas aig a' char as lugha gach bliadhna i.e. Bowfest, Oban Live, Fèis Uisge-bheatha Ìle, fèis ciùil Thiriodh.	Bidh pròifil nas àirde aig buannachdan eaconamach cultar na Gàidhlig agus air dà-chànanas.	Leantainneach	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

1.11	Cuideachadh ann an leasachadh air buaidh eaconamach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail.	Libhrigeadh 1 sgrùdadh air buaidh eaconamach ann an co-cheangal ris a' Mhòd.	Sgrùdadh crìochnaichte	Earrach 2025	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
1.12	Adhartachadh Earra-Ghàidheal is Bòd mar àite airson obair Film is TBh a ghabhail os làimh, anns a bheil cànan is cultar na Gàidhlig.	Earrann Gàidhlig a chruthachadh air an làraich-lìn shònraichte film is tbh againn.	Earrann Gàidhlig air a chruthachadh.	Na àite agus a' leantainn.	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
1.13	Beachdachadh air taic don Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Earra-Ghàidheal san àm ri teachd.	Ath-sgrùdadh air maoineachadh thachartasan a choileanadh ann an 2018/19, agus beachdachadh air taic don Mhòd mar phàirt den seo.	Sgrùdadh crìochnaichte	Crìochnaichte	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
1.14	Sgrùdadh leasachadh air suaicheantas Comhairle dà-chànanach.	Sgrùdadh air roghainnean dealbhaidh.	Roghainnean suaicheantais gam beachdachadh le Buill.	Ro 2025	Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.
1.15	Ag obair ann an com-pàirteachas le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean ann an leasachadh air Ar Stòras Gàidhlig.	Obair com-pàirteachais fìchte a-steach.	Coinneamhan chom-pàirtichean a' gabhail àite.	Tro bheatha a' Phlana.	Ceannard Leasachaidh is Fàs Eaconamach.
<b>Leanaidh sinn air adhart:</b>					
1.16	Gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig do Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid.	Manaidsear Planaidh Coimhearsnachd.			

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

1.17	Meudachadh susbaint Ghàidhlig sa 'Mòr-Ionad' agus air an làraich-lìn.	Ionad Seirbheis Luchd-ceannach.
1.18	Adhartachadh sgeulachdan deagh naidheachd ann an Gàidhlig agus co-cheangailte ri Gàidhlig.	Seirbheisean Taic Luchd-ceannach.
1.19	Dèanamh cinnteach gum bi postachd agus puist-dealain a gheibhear ann an Gàidhlig, air am freagairt ann an Gàidhlig.	Seirbheisean uile.
1.20	Dèanamh cinnteach gum bi gearanan a gheibhear ann an Gàidhlig, air am freagairt ann an Gàidhlig taobh a-staigh an raoin-ama agus GP12 bho phlana 2013-18 – Gàidhlig air sgrionaichean plasma.	Seirbheisean uile.
1.21	Dèanamh cinnteach gu bheil an fhàilte dhà-chànanach airson luchd-obrach Fàilteachais na Comhairle aig ìre.	Seirbheisean Taic Luchd-ceannach.
1.22	Fosgladh choinneamhan Comataidh le fàilteachas ann an Gàidhlig.	Seirbheisean Laghail agus Riaghlaidh.
1.23	Gabhail bhuidhnean mheadhanan Gàidhlig a-steach ann an sgaoileadh air brathan-naidheachd na comhairle uile.	Seirbheisean Taic Luchd-ceannach.
1.24	Meudachadh eòlas is tuigse na coimhearsnachd coitcheinn de bhuanachdan is amasan na Gàidhlig / a' Phlana Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, tro Dhuilleag Facebook an Fhòraim Ghàidhlig, meadhanan sòisealta eile, agus aonadan foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig.	Seirbheisean Taic Luchd-ceannach / Foghlam
<b>2</b>	<b>Meudachadh Ionnsachadh na Gàidhlig</b>	

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

	<b>Bidh sinn:</b>	<b>Targaid</b>	<b>Tomhas Soirbheachaidh</b>	<b>Raon-ama</b>	<b>Stiùir</b>
<b>2.3</b>	Libhrigeadh sheiseanan Bookbug Gàidhlig gu cunbhalach anns gach àite far a bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME).	Seiseanan Bookbug gan libhrigeadh gach seachdain air-loidhne ann an àiteachan sa bheil GME.	Làthaireachd chunbhalach aig na seiseanan air-loidhne. ELCan a' gabhail pàirt gach seachdain.	Leantainn tro bheatha a' phlana.	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh.
<b>2.4</b>	Dèanamh cinnteach à eadar-ghluasad iomchaidh bho Thràth-Ionnsachadh is Cùram-chloinne gu bun-sgoil agus bho bhun-sgoil gu gu àrd-sgoil, taobh a-staigh solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GM).	Bidh gach solar GM taobh a-staigh an Ùghdarrais Foghlaim, a' planadh agus a' buileachadh pròiseact eadar-ghluasaid, air a dhealbhadh gu sònraichte do sgoilearan GM, le cuimse shònraichte air conaltradh.	2 x phròiseact anns gach solar:  Tha eileamaid / cuimse shònraichte aig sgoiltean uile le GM, aig amannan eadar-ghluasaid.	Ro 2026	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh.
<b>2.5</b>	A thaobh nan sgoiltean sin nach eil air Gàidhlig a thaghadh mar Chànan 2, a' brosnachadh le a gabhail aig Cànan 3.	Suas ri 90% de bhun-sgoiltean uile san sgìre comhairle, a' tabhann Gàidhlig aig L2 no L3.	24/25 - 25/26 -	Ro 2026	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh.
<b>2.6</b>	Adhartachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach maoinachadh,	Leasachadh air stuthan adhartachaidh air a rannsachadh, gu h-àraid air-loidhne agus air meadhanan sòisealta, fiosrachadh air a ghabhail	Stuthan cruthaichte agus air an sgaoileadh.	Ro 2026	Ceannard Foghlaim.

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

	clàradh is eile, do dhaoine nach eil an sàs ann an Gàidhlig.	a-steach air làrach-lìn na Comhairle.			
<b>2.7</b>	Meudachadh na h-àireimh de theaghlaichean le daoine òga ann an GME, le cothrom air gnìomhachdan taobh a-muigh na sgoile airson Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh – tro obair com-pàirteachais agus taic bho bhuidhnean maoinachaidh.	Targaid: Bidh club taobh a-muigh na sgoile air a libhrigeadh do sholar GMPE air feadh an Ùghdarrais Fhoghlaim, tro mheadhan na Gàidhlig ron Lùnastal 2026.	Tachartasan air feadh an ùghdarrais uile:  24/25 – 4 25/26 – 6	An Lùnastal 2026	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh.
<b>2.8</b>	Solarachadh chothroman ionnsachaidh air astar do luchd-obrach sgoile gus sgioba-obrach a thogail mu choinneamh an ama ri teachd, gus feumalachdan roinn na Gàidhlig a choileanadh.	2023 – 2026	18/19 – 12 19/20 – 10 20/21 – 8 21/22 – 6 22/23 – 6 GLPS, 4 Nat5/Àrd-Ìre 23/24 – 9 (a' gabhail a-steach Mini GLPS), 4 Nat5/Àrd-Ìre	Ro 2026	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh.
<b>2.9</b>	Cothrom a thoirt gu luchd-obrach taic sgoile speisealaichte a' chom-pàirteachais.	Targaid: Gheibh oileanaich a tha air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig agus aig a bheil bacaidhean gu an cuid	Tha feumalachdan chloinne uile a tha air an oideachadh tron Ghàidhlig, air an coileanadh taobh a-	Ron Lùnastal 2026	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh.

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

		ionnsachaidh, prògram eadar-theachd ceumaichte taobh a-staigh raon-ama iomchaidh – le cothrom air luchd-obrach speisealaichte tro mheadhan na Beurla, ma dh’fheumar.	staigh a’ mheadhain seo.		
<b>2.10</b>	Meudachadh na h-àireimh de chosnaichean a tha a’ com-pàirteachadh ann an leasanan agus bùithtean-obrach Gàidhlig.	Meudachadh le 10%	30 cosnaiche	Am Màrt 2025	Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.
<b>2.11</b>	Bidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a’ conaltradh gu h-iomlan agus gu gnìomhach le Bòrd na Gàidhlig, mar chomhairliche air foghlam Gàidhlig, agus le luchd-ùidhe eile (a’ gabhail a-steach pàrantan is riochdairean phàrant), le amas air co-chomhairleachadh a thoirt air adhart taobh a-staigh dà bhliadhna, gus an t-iarrtas airson Sgoil Ghàidhlig taobh a-staigh sgìre an ùghdarras a dhearbhadh.	Sgrùdadh nan roghainnean a thaobh Sgoil Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal.	Sgrùdadh crìochnaichte.	An Dùbhlachd 2024	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh.

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

2.12	Brosnachadh dhaoine òga a dhol a-steach gu teagasg ann an Gàidhlig agus atharrachaidhean dreuchd.	Stuthan adhartachaidh agus togail mothachaidh a leasachadh tro Growing our Own agus DYW.	Àireamh mheudaichte de dhaoine òga bho A&B a' dol a-steach do theagasg ann an Gàidhlig.	Tro bheatha a' Phlana.	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh. Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.
2.13	Leudachadh chùrsaichean Gàidhlig don sgioba-obrach gu buidhnean poblach eile m.e. uile ann an Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd.	Air conaltradh ri com-pàirtichean agus cothrom compàirteachaidh air a thabhann dhaibh.	Àireamhan meudaichte de luchd-ionnsachaidh bho bhuidhnean com-pàirteachais.	Tro bheatha a' Phlana.	Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.
<b>Leanaidh sinn:</b>					
2.14	Brosnachadh choimhearsnachdan gu maoinachadh Bòrd na Gàidhlig fhaotainn, gus libhrigeadh air clasaichean ionnsachaidh Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd a dhèanamh comasach. Targaid: Libhrigeadh air leasan an càin anns gach raon de GMPE ro 2026 – an crochadh air maoinachadh bho BnaG / buidhnean maoinachaidh eile.			Ceannard Foghlaim – Ionnsachadh Fad-beatha	
2.15	Solarachadh chothroman CPD do luchd-obrach Foghlaim Gàidhlig uile. Targaid: Dà chothrom gach bliadhna air a thighinn còmhla airson trèanadh / buidhnean obrach / planadh do luchd-obrach ann an roinnean ELC, bun-sgoile is àrd-sgoile uile ro 2026 – a rèir còmhach thidsearan.			Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh	



2.16	<p>Leantainn le taic chothroman do thidsearan air trèanadh GLPS gus leasan an Gàidhlig a libhrigeadh do sgoilearan ann an clasaichean tro Mheadhan na Beurla.</p> <p>Targaid: 10 tidsearan a bharrachd air an trèanadh ann an GLPS ro 2026 – an crochadh air maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba gu Co-bhanntachd GLPS.</p>	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh
2.17	<p>Adhartachadh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig tron choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainghe agus ann an co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Targaid: Bidh brathan naidheachd / sgeulachdan deagh naidheachd / cothroman ionnsachaidh Gàidhlig uile, air an roinn le Sgioba Chonaltraidhean na Comhairle agus Oifigear PR Bhòrd na Gàidhlig bho 2023-2026.</p>	Ceannard Foghlaim – Ionnsachadh Fad-beatha
2.18	<p>Adhartachadh bhuanachdan dà-chànanaidh agus Foghlam Gàidhlig ann an com-pàirteachas le Comann nam Pàrant / Bòrd na Gàidhlig agus coimhearsnachdan ionadail.</p> <p>Targaid: Freagairt do dh'iarntasan phàrantan airson GMPE a rèir a' Phròtacal Measaidh air a thoirt gu buil le Bòrd na Gàidhlig mar fhreagairt do Achd na Gàidhlig (Alba) 2016 – Solaran Gàidhlig.</p>	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh
2.20	<p>Taic do sgoiltean ann an coileanadh feumalachdan na cloinne uile tro adhartachadh air an sgrìobhainn 'Stiùireadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd'.</p> <p>Targaid: Bidh siostam measaidh, tracadh agus sgrùdadh fìor làidir aig solaran GMPE uile – air am mion-fhiosrachadh ann am Prionnsapal Curraicealaim ron Lùnastal 2026.</p>	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh
2.21	<p>Libhrigeadh chlasaichean ionnsachaidh Gàidhlig san àite-obrach.</p>	Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.
3	<b>Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig</b>	

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

	<b>Bidh sinn:</b>	<b>Targaid</b>	<b>Tomhas Soirbheachaidh</b>	<b>Raon-ama</b>	<b>Stiùir</b>
<b>3.1</b>	Meudachadh an raoin de ghniomhachdan / bhuidhnean le cothrom air an Ionad Ghàidhlig san Òban, gu bhith a' gabhail a-steach obair eadar-ghinealach.	Aon seisean sa mhìos far am bi buill coimhearsnachd le Gàidhlig ag eadar-chonaltradh le sgoilearan bun-sgoile GM, gus sgilean cànanain is sòisealta a leasachadh.	1 seisean gach mìos tro bheatha a' phlana.	Ron Lùnastal 2026	Ceannard Foghlaim – Teagasg is Ionnsachadh
<b>3.3</b>	Meudachadh na h-àireimh de raointean curraicealach air an libhrigeadh tro Ghàidhlig ann an curraicealam na h-àrd-sgoile, tro obair com-pàirteachais le e-Sgoil.	Na còig àrd-sgoiltean uile a tha a' solarachadh GME a' cumail cheanglaichean le e-Sgoil, mar a bhios feum air, gus Gàidhlig agus raon curraicealach eile a libhrigeadh do dh'oileanaich GM – far a bheil buidseat luchd-obrach gach sgoile ga cheadachadh.	Ùine a' phlana – 3 sgoiltean le cothrom air e-Sgoil agus 1 sgoil le cothrom air raon curraicealach diofraichte a thuilleadh air Gàidhlig.	Ro 2026	Ceannard Foghlaim -
<b>3.4</b>	Sgrùdadh a' chleachdaidh èifeachdach air Stiùireadh Gàidhlig nàiseanta is ionadail le sgoiltean.	Bidh Prionnsapal Curraicealaim don Ghàidhlig aig bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean uile / suidheachaidhean ELC a' solarachadh GME, ron Lùnastal 2020.	2 chothrom don Ùghdarras Foghlaim air ceangal a chumail tron bhliadhna ri sgoiltean, a tha a' solarachadh GME.	2023-2026	Ceannard Foghlaim
<b>3.5</b>	Taic do sgoiltean a tha air ròghnachadh Gàidhlig a sgrùdadh mar Chànan 2 (GLPS), a' dèanamh cinnteach à eadar-ghluasad iomchaidh	Bidh bun-sgoiltean uile le Gàidhlig mar L2, a' planadh agus a' buileachadh pròiseact eadar-ghluasaid air a dhealbhadh gu sònraichte	23/24- 2 24/25- 3 25/26- 4	Ron Ògmhios 2026	Ceannard Foghlaim

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

	bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil. Prìomh Thidsear (cuimse air Gàidhlig) a' tabhann taic san raon seo.	do Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.			
<b>3.6</b>	Meudachadh na h-àireimh de dhaoine òga le Gàidhlig, a tha a' conaltradh ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig fharsaing ann am measgachadh de shuidheachaidhean - tro obair compàirteachais agus obair for-ruigheachd le sgoiltean.	Gabhaidh suidheachaidhean uile le Foghlam Gàidhlig pàirt ann an tachartas le buill Ghàidhlig den choimhearsnachd ionadail, co-dhiù aon uair anns gach bliadhna acadaimigeach ron Lùnastal 2026.	Tachartas Gàidhlig: 23/24 – 8 24/25 – 9 25/26 – 11	Lùnastal 2026	Ceannard Foghlaim
<b>3.7</b>	Togail mothachadh don Ghàidhlig le facail is abairtean air an làraich-lìn air bhunait chunbhalach, a' gabhail a-steach dualchainntean Earra-Ghàidheal agus Ìle.	Prògram de dh'abairtean air a leasachadh agus luchdaichte suas gu Mòr-ionad/Eadarlìon.	Abairtean nan àite	Tro bheatha a' phlana.	Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.
<b>Leanaidh sinn :</b>					
<b>3.8</b>	Ag ionadachadh soidhneachd a-staigh agus a-muigh uile gu dà-chànanach, mar a dh'fheumar.		Seirbheisean Coimearsalta. Seirbheisean Rathaidean is Bun-structair.		
<b>3.9</b>	Ag ùisneachadh ar seirbheis eadar-theangachaidh is eadar-mhineachaidh air an taobh a-muigh.		Seirbheisean Taic Luchd-ceannach.		

Builean GLP ùraichte san Dàmhair 2024

<b>3.10</b>	Dèanamh cinnteach gum bi an cruinneachadh Gàidhlig a' coinneachadh gach dà bhliadhna.	Leasachadh agus Fàs Eaconamach. Seirbheisean Taic Luchd-ceannach. Manaidsear Planaidh Coimhearsnachd.
-------------	---	---